

Comataidh Lèirsinn

10/9/24, 1100-1330

Teams

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd:	Marion Nic na Ceàrdaich (sa Chathair)	Rhoda NicDhòmhnaill
	Iain Moireasdan	Daibhaidh Byrne

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)

Lisa Annette [LA] (Ceannard Cruth-atharrachadh Didseatach)
Rowan NicPhàdraig [RN] (Manaidsear Conaltraidh) – puingean 1-5
Ruth Mhoireach [RM] (Curaidh EDI) – puing 6
Mairi Anna NicAonghais [MAMI] - (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

1. Leisgeulan

1.1 Catriona Mhoireach.

2. Gnothaichean dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (13/5/24) & GAE

3.1 Geàrr-chunntas: molaichte le Rhoda NicDhòmhnaill agus daingnichte le Iain Moireasdan.
3.2 GAE – comharrachte

4. Sùil air fàire – didseatach/margaidheachd

4.1 Sheall LA taisbeanadh agus chuala buill na Comataidh mu ciamar a thathas a' dol a ruighinn nas fhaide na ar prìomh luchd-amhairc; ciamar a thèid seo a dhèanamh tron sgioba didseatach; ciamar a tha daoine eile ga dhèanamh; na bha a' tachairt ann an raointean eile an-dràsta agus ciamar a bheir am Bòrd taic don dleastanas seo a thaobh a bhith a' cur barrachd ghoireasan no trèanadh a-steach.

B' iad na prìomh phuingean còmhraidi:

- 4.2 Chaidh innse, a' dol air adhart, gun tèid an tuilleadh obrach a dhèanamh air coimeasanadh susbaint goirid, tachartasan, meadhanan sòisealta *bespoke* agus obair a bharrachd le luchd-cruthachaidh/*influencers*.
- 4.3 Chaidh deasbad a chumail mu cho cudromach 's a bha e fios agus eòlas fhaighinn bho luchd-cruthachaidh susbaint agus cho cudromach 's a bha trèanadh gus sgilean bhon taobh a muigh saoghal na Gàidhlig a thoirt a-steach.
- 4.4 Thathas a' cumail sùil air dè tha craoladairean eile a' dèanamh agus ann an còmhraidhean leotha.
- 4.5 Bha aithne ann gu bheil modail eaconamach ann airson bith-beò a dhèanamh a-mach à roichdachadh airson TBh ach gu bheil am modail airson susbaint goirid fhathast mì-chinnteach.
- 4.6 A thaobh na ceist air dè dh'fhaodadh am Bòrd a dhèanamh gus taic a thoirt, chaidh innse gur e goireasan agus buidseat a chur gu ruige an iomairt agus taic a thoirt don fheallsanachd na nithean as cudromaiche. Dh'aithnich a' Chomataidh gu bheil am Bòrd air prìomhachas a thoirt do 'digital first'.
- 4.7 Thèid barrachd obrach a dhèanamh air feuchainn ri airgead a ghlèidheadh bho thobraichean eile seach bhon phrìomh bhuidseat.
- 4.8 Thèid an tuilleadh obrach a dhèanamh gus trèanadh airson àrach tàlant a dhèanamh nas seasmhaiche.
- 4.9 Chaidh taing a bhuileachadh air LA airson a taisbeanadh.
- 4.10 **Co-dhùnadh:** bha a' Chomataidh riaraichte.

5. Luchd-ùidhe

- 5.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air na diofar raointean conaltraidh san robhas an sàs.
- 5.2 Bha aonta ann gum biodh e cuideachail nan deigheadh trèanadh a thoirt do na daoine òga le Gàidhlig a bha a' faighinn taic sponsaireachd gus an robhas a' faighinn susbaint bhuapa a dheigheadh a chleachdad air na meadhanan sòisealta airson adhbharan PR.
- 5.3 Chaidh innse gum biodh an Cathraiche a' sireadh coinneamh le Ministear DCMS eadar seo agus deireadh na bliadhna.
- 5.4 Chaidh deasbad a chumail mu cho cudromach 's a bha e dàimh a chruthachadh le buill Chomataidh Thaghte Cultar, Mheadhanan agus Spòrs.
- 5.5 Chaidh aithneachadh gu robh an DCMS ann an còmhradh leis a' BhBC an-dràsta mu mhaoineachadh BBC World Service.

- 5.6 Chaidh innse gu robh oifigearan air a bhith ann an conaltradh le oifigearan DCMS mun obair a tha an impis tòiseachadh air cumhaichean iomraidh ùrachadh Cairt a' BhBC a tha a' ruith a-mach aig deireadh 2027.
- 5.7 Thatas ann an còmhraidhean le oifis Leas-phrìomh Mhinstear gus cuireadh a thoirt dhith tadhal air Steòrnabhagh as t-Earrach, ach san eadar-ama thatas a' sìreadh coinneamh ann an Dùn Èideann mus bidh am buidseat ann.
- 5.8 Chaidh a dhaingneachadh cho cudromach 's a bha e gu bheileas ann an còmhraidhean agus a' dèanamh ceangal le gach pàrtaidh ann an Holyrood.
- 5.9 **Co-dhùnadh**: ghabh buill fainear.
- 5.10 **Gníomh**: thèid litir a chur gu Caroline Dinenage a bha air a taghadh mar Chathraiche air Comataidh Cultar, Mheadhanan agus Spòrs aig DCMS. **(RN)**

6. Aithisgean deireadh na bliadhna

- 6.1 Bha pàipear air beulaibh na Comataidh a' toirt sùil air cuspair Co-ionannachd, lomadachd agus In-ghabhaltais, agus ag innse mu adhartas agus mun obair a bhathas air coimiseanadh bho neach-sgrùdaidh neo-eisimeileach.
- 6.2 Bha aithne ann nach biodh an obair rannsachaidd agus sgrùdaidh deiseil gu Samhain agus gun tigeadh aithisg le molaidhean fa chomhair na Comataidh nuair a bhiodh sin dèante.
- 6.3 Bha aonta ann gu bheil feum gum bi prionnsabalan agus trèanadh EDI a' ruith tro gach meur den bhuidheann air fad, leithid cuairtean coimeasanaidh, fastadh, sgiobaidhean msaa.
- 6.4 Bha buill toilichte adhartas fhaicinn air EDI ann am prògraman BBC ALBA.
- 6.5 Chaidh innse gum biodh poileasaidh Fastadh Iar-Eucorraich (Recruitment of Ex-offenders) a' cur ri in-ghabhaltais na buidhne.
- 6.6 Chaidh a ràdh, a thaobh coimiseanadh agus an gluasad gu susbaint goirid, gu bheil e cudromach gum bi gach coimhearsnachd agus suidheachadh eadar-mheasgte air an riochdachadh agus gu bheil an taic ann son daoine nach eil buileach deiseil airson an seòrsa obair a tha seo an uidheamachadh gus am bheil na h-aon chothroman aca, le aithne gu feumar coimhead ri goireasan airson leithid meantoradh agus coidseadh.
- 6.7 **Co-dhùnadh**: bha buill na Comataidh riaraichte gu robh dearbhadh aca gu bheil cùisean gan làimhseachadh mar bu chòir.
- 6.8 **Gníomh**: thig toraidhean suirbhidh EDI agus molaidhean an neach sgrùdaidh neo-eisimeileach chun Chomataidh aig coinneamh na Samhna no coinneamh tràth ann an 2025. **(MAMI)**

7. Meatrags Sgilean a' Bhùird

- 7.1 Bha Meatrags Sgilean a' Bhùird fa chomhair nam ball, le tuairmse air eòlas agus sgilean a bhallrachd, stèidhichte air am fèin-mheasadh as ùire a rinn gach ball.
- 7.2 Chaidh bruidhinn mu na prìomhachas a bha am Meatrags a' cur am follais, agus mar a chuireadh prògram trèanaidh nam ball freagairt mu choinneimh fheumalachdan. Far an robh feumalachdan sònraichte, dh'fhaodadh eòlas shònraichte air a' chuspair a thoirt a-steach.
- 7.3 **Co-dhùnadh:** 1) bha buill riaraichte, ag aithneachadh 2) gum biodh e feumail an ath turas nam biodh barrachd fiosrachadh ann mu dheidhinn dè ann an da-rìribh a bhathas a' sùileachadh le gach roinn sgil is eòlais.

8. Planadh Luchd-obrach agus Planadh Leantainneach

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt iomradh air 1) fastadh luchd-obrach; 2) leantainneachd (succession), agus 3) suirbhidhean "pulse".
- 8.2 Chaidh bruidhinn mu dheidhinn na trì cuspairean.
- 8.3 Chaidh deasbad a chumail air modhan trusaидh thagraichean airson dhreuchdan, agus bha aithne ann gu faodadh barrachd cuideam, ùine agus goireas a chur mu choinneimh a bhith a' tàladh ùidh bho dhaoine.
- 8.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.
- 8.5 **Gníomh:** thig an Ceannard Ùr-ghnàthachais agus Anailiseachd agus an Neach-comhairle HR chun na h-ath choinneimh gus bruidhinn air toraidhean na suirbhidhean pulse. ([MAMI](#))

9. Amasan agus Prìomh Thoraidhean (APT / OKRs)

- 9.1 Ri linn gu bheil e mar dhleastanas aig a' Chomataidh comhairle a thoirt don bhòrd mu shlathan tomhais soirbheachais, bha pàipear air beulaibh na Comataidh a' cur an cuimhne OKRan na buidhne agus ag aithneachadh gum biodh iad fo dheasbad sònraichte le buill air an 25/9.
- 9.2 **Co-dhùnadh:** tillidh na OKRan aig seisean ro-innleachd nam ball air 25/9/24.

10. GISBE

- 10.1 Cha robh gin.

11. Deit na h-ath choinneimh – 5/11/24

Ainm sgriobhete a' chathraiche:

Deit: